

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 537. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 233 corresponds to Litir 537.

Tha sinn air a bhith a’ toirt sùil bheag air beatha is bàrdachd Rob Dhuinn anns a’ cheala-deug a dh’fhalbh. Tha mi a’ dol a thoirt sin gu crìch an-diugh le bhith a’ toirt sùil bheag air dàn a sgrìobh e. Tha e mu dheidhinn, mar gum biodh, an sealladh eadar-dhealaichte aig na Gàidheil agus aig na Goill air dùthaich agus dòigh-beatha nan Gàidheal – gu sònraichte ann an Dùthaich MhicAoidh.

Tha Rob a’ samhlachadh nan Gàidheal mar Iseabail, nighean aig Iain MacEachainn ’ic Iain. Bha Rob a’ fuireach còmhla ri Iain anns an t-Srath Mhòr fad ùine mhòr. Bha e ag obair mar bhuachaille dha. Bha Rob is Iseabail a’ faighinn tlachd bhon àrainneachd aca. Air an taobh eile, a’ riochdachadh sealladh nan Gall, mar gum biodh, tha piuthar Iseabail – Màiri. Tha Màiri air a bhith san sgoil ann an Inbhir Theòrsa – baile an ìre mhath Gallta – agus tha droch bheachd air èirigh na cridhe air Dùthaich MhicAoidh:

*Cia b’ e dhèanadh mar rinn mis’,
Bu mhist’ e e gu bràth,
Dhol don bheinn an aghaidh m’ inntinn,
Mhill e mi ’s mo shlàint’,
Pàirt de m’ acainn bràigheach Mheirceinn,
’S àit gun mharcaid e,
Ach spàin is copraich ’s bà-theach fosgailt’
’S gràinne shòp ri làr.*

Tha i a-mach air Meirceann far nach robh marcaid – an coimeas ris na bailtean Gallta far an robh a leithid. Tha Meirceann air bruach Loch Hòb, gu tuath air Muiseal far an robh dachaigh Iain MhicEachainn ’ic Iain. Agus an do mhothaich sibh am facal *bà-theach*. Mar a sgrìobh Rob Donn e, tha e follaiseach cò às a thàinig am facal *bàthaich* – bho *bà-theach* no “cow house”.

Co-dhiù, tha Iseabail a’ freagairt casaidean Màiri, le bhith a’ dearbhadh cho brèagha ’s a tha an dùthaich dhi. Cuimhnichibh gun robh na bàird Ghàidhealach a’ sgrìobhadh ann an dòigh, dh’fhaodadh tu ràdh, romansach mun àrainneachd mus robh a leithid a’ tachairt ann an saoghal na Beurla:

*Ciod am fàth mun tug thu fuath
’S ann do na bruachaibh àrd?
Nach fhaic thu fhèin nuair a thig an sprèidh
Gur feumail iad len àl?
Cha chràdh cridh’ air làrach shuidhe
Fuaim na lighe làin
Don ghnàth bhith cladhach ro a h-aghaidh
Is feur an dèidh a’ fàs.*

Tha Màiri ge-tà, a, leantainn, co-dhiù ann am mac-meanmna a’ bhàird, le a h-argamaid:

*Na bha firinneach de d’ amhran
Fhad ’s a bha ’n samhradh blàth,
Rinn e tionndadh Oidhche Shamhna,*

'S bheir an geamhradh 'shàr.
Duille shuidhicht' bàrr an fhiodha,
Dh'fhàs i buidhe-bhàn,
'S tha beauty an t-Srath air call a dhath
Le steall de chathadh-làir.

Ged nach robh Beurla aig Rob a-chaoidh, bhiodh e a' stobadh a-steach fhaclan Beurla do a chuid bàrdachd aig amannan. 'S dòcha gun robh e a' riochdachadh dòigh-labhairt nan uaislean a bha dhen bheachd gun robh e fasanta a bhith a' cleachdadh fhaclan Beurla. Tha freagairt aig Iseabail do chasaidean Màiri. Ach cò bha a' bruidhinn ann an dha-rìribh – Iseabail no Rob fhèin? Fàgaidh mi sibh leis an rann seo **air a bheil mi fhìn uabhasach measail**. Tha e a' riochdachadh gu soilleir bòidhchead an earraich air a' Ghàidhealtachd:

Glèidhidh 'n talamh chun an t-samhraidh
Sin a chrann e 'n-dràst;
Beith is calltainn Latha Bealltainn
Gealltanach air fàs.
Bidh gruth is crathadh air na srathaibh
'S teirgidh 'n cathadh-làir
Nach binn an sealladh, glinn a' stealladh
Laoigh is bainne 's bàrr.

* * * * *

Faclan na Litreach: buachaille: *herdsman*; Inbhir Theòrsa: *Thurso*; Muiseal: *Muisel*; romansach: *romantic*; mac-meanmna: *imagination*.

Abairtean na Litreach: bàrdachd Rob Dhuinn: *Rob Donn's poetry*; anns a' cheala-deug a dh'fhalbh: *in the last fortnight*; mar gum biodh: *as it were*; tha Rob a' samhlachadh nan Gàidheal mar Iseabail: *Rob represents the Gaels as Ishbel*; tlachd bhon àrainneachd aca: *pleasure from their surroundings*; cia b' e dhèanadh mar rinn mis': *anyone doing as I have done*; bu mhist' e e: *he'd be the worse for it*; dhol don bheinn an aghaidh m' inntinn: *going to the mountain against my will*; pàirt de m' acainn bràigheach Mheirceinn: *part of my grievance is the Merkin upland*; gràinne shòp ri làr: *grain chaff on the floor*; ciod am fàth mun tug thu fuath: *what is the reason for your antipathy*; gur feumail iad len àl: *that they are useful with their offspring*; cha chràdh cridh' air làrach shuidhe: *it is no hardship to sit in a spot*; fuaim na lighe làin: *[in] the roar of the full flood*; don ghnàth bhith cladhach ro a h-aghaidh: *digging out its usual course*; na bha fìrinneach de d' amhran: *what was true in your song*; rinn e tionndadh Oidhche Shamhna: *it changed at Halloween*; bheir an geamhradh 'shàr: *the winter will extinguish it*; duille shuidhicht' bàrr an fhiodha: *the foliage situated at the treetops*; steall de chathadh-làir: *the onset of snowdrift[s]*; glèidhidh 'n talamh chun an t-samhraidh: *the land will wait until summer*; sin a chrann e 'n-dràst: *it's hibernating now*; beith is calltainn Latha Bealltainn: *birch and hazel on Beltane day*; gruth is crathadh air na srathaibh: *crowdie and churning in the straths*; teirgidh 'n cathadh-làir: *melting of the snow drifts*; nach binn an sealladh, glinn a' stealladh: *how sweet the spectacle, glens a-spouting*; laoigh is bainne 's bàrr: *calves and milk and cream*.

Puing-chànain na Litreach: Ach spàin is copraich 's **bà-theach** fosgailt': *but spoons and coppers and open byre*. Did you realise that the origin of the word bàthaich (dialectally bàthach) is bà-theach. Teach is an old word for house (and still the standard word for house in Irish Gaelic). Taigh is originally an inflected form of teach (we also derive a-steach from teach). Bà-theach is literally "cow-house" ie "house of cows".

Gnathas-cainnt na Litreach: **air a bheil mi fhìn uabhasach measail**: *which I really like myself*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA

